

## Gnìomhachas na Ceilpe

Aig àm nam Fuadaichean, chaidh mòran Ghàidheal fhuadach às na glinn agus chaidh an cur a dh'fhuireach ann an **coimhearsnachdan** ùra **croitearachd**, mar bu trice faisg air a' chosta. Leis cho beag 's a bha na **croitean**, bha dùil gum biodh aig na **màladairean** ri obrachadh ann an **gnìomhachasan** eile mar iasgach no gnìomhachas na **ceilpe**. Thug **gnìomhachas** na ceilpe **cosnadh** do dhaoine aig nach robh ach **teachd-a-steach** glè bheag, ma bha dad idir.

